

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Luchd-sgrudaidh an Rìgh a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-foghlaim Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil Loch Carrainn, Bun-sgoil a' Phluic agus Àrd-sgoil a' Phluic. Tha trì earrannan an seo.

- Gus sgìre-foghlaim Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil a' Phluic. Gabhaidh an sgìre-foghlaim ùr seo thairis na sgìrean-foghlaim tro mheadhan na Beurla de Bhun-sgoil a' Phluic, Bun-sgoil Chaol Loch Aillse, Bun-sgoil Chaol Àcainn, Bun-sgoil Uachdar Thìre agus Bun-sgoil Loch Dhubhthaich. Bidh ullachaidhean sònraichte ann airson còmhdhail chun a' Phluic bho na sgìrean-foghlaim eile.
- Gus sgìre Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil Loch Carrainn, feumaidh an sgìre Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith co-ionann ris an sgìre Foghlam Meadhan Beurla.
- Gus na h-ullachaidhean a tha ann an-dràsta airson Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an Àrd-sgoil a' Phluic fhoirmealachadh, far am bi an sgìre-foghlaim airson Àrd-sgoil a' Phluic a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla.

An Cèitean 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) ann an co-rèir ri teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìrean-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig airson Bun-sgoil Loch Carrainn, Bun-sgoil a' Phluic agus Àrd-sgoil a' Phluic. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisg air a' phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisg a' mineachadh beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-comhairle. Tha Roinn 4 a' toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air a' mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha Achd 2010 ag iarraidh air a' chomhairle beachdachadh air agus an uair sin aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach ullachadh. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mineachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a' mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a' chiad mholadh, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail anns a' phròiseas conaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

- na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus òganaich sna sgoiltean; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- ciamar a tha a' chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a' mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na gnìomhachasan seo os làimh:

- làthaireachd aig a' choinneimh phoblaich bhìortail air a chumail air 9 Màrt 2022 a thaobh molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh ceangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- conaltraidhean le luchd-conaltraidh iomchaidh.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air a' mholadh/na molaidhean aca os làimh a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Ruith an co-chomhairleachadh foirmeil bho 1 Màrt 2022 gu 29 Giblean 2022. Chaidh am pàipear co-chomhairleachaidh a sgaoileadh gu luchd-obrach, Comhairlean Phàrant agus pàrantan sgoilearan a tha a' frithealadh nan sgoiltean a tha air an ainmeachadh sa phàipear molaidh.

Chaidh a chuir cuideachd do bhuill Phàrlamaidean na RA agus na h-Alba, aonaidhean ciùird, Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus comhairlean coimhearsnachd. Chaidh fiosrachadh fhoillseachadh sna pàipearan naidheachd ionadail. Bha fiosrachadh ri fhaotainn air làrach-lìn na comhairle agus air na meadhanan sòisealta.

2.3 Chùm a' chomhairle coinneamh phoblach bhiortail, far an do stèidhich oifigearan feallsanachd airson nam molaidhean, bheachdaich iad air àrd-bhuannachdan foghlaim agus dh'iarr iad beachdan bhon luchd-frithealaidh. Bha ceithir duine deug den phoball an làthair aig a' choinneimh bhiortail phoblach. Thog an fheadhainn a bha an làthair ceistean mu shiubhal co-cheangailte ri bhith a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil a' Phluic. Dh'fhaighnich iad cuideachd mu àitichean a bha rim faotainn san sgoil-àraich tro Mheadhan na Gàidhlig. Fhuair a' chomhairle 11 freagairtean ann an sgrìobhadh. Bha a' mhòr-chuid dhiubh sin a' togail chùisean coltach ris an fheadhainn a chaidh a thogail aig a' choinneimh phoblaich. Tha Bòrd na Gàidhlig mar cho-chomhairliche reachdail airson atharrachaidhean air na h-ullachaidhean airson solar Foghlam Meadhan Gàidhlig. Chuir iad fàilte gun robhar a' suidheachadh sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig ach chomharraich iad raointean ris am bu chòir dhan chomhairle dèiligeadh, a' gabhail a-steach còmhdhail. Chuir Comann nam Pàrant fàilte air a' mholadh. Bha iad air an ath-mhisneachadh le tuilleadh cur an sàs de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Shoilleirich Comann nam Pàrant cho cudromach 's a bha leantainneachd ann an ionnsachadh 3-18 tro mheadhan na Gàidhlig. Bha clann soilleir mu na buannachdan a bha ann an sgìre-foghlaim dhaibh.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart leis an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017. Bidh na sgìrean-foghlaim a tha a' chomhairle a' moladh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a' tar-chòmhdach sgìrean-foghlaim cha mhòr a h-uile bun-sgoil a tha co-cheangailte ri Àrd-sgoil a' Phluic. Tha am moladh seo a' cuideachadh na comhairle ann a bhith a' soilleireachadh còir phàrantan agus ullachaidhean inntigidh gu Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha e cuideachd a' toirt taic dhan chomhairle le dleastanasan a thaobh a bhith a' tabhann an luach as fheàrr agus planadh reachdail airson na Gàidhlig.

3.2 Tha cha mhòr a h-uile co-chomhairleach a' toirt taic dhan chomhairle a thaobh a bhith a' stèidheachadh sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Dh'aontaich iad gun tigeadh buannachdan foghlaim mar thoradh air seo. Tha dhà no trì chùisean a dh'èirich bhon cho-chomhairleachadh a tha a' cur feum air tuilleadh obrach. Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig a' meudachadh sa bhuidheann-sgoile a tha co-cheangailte ri Àrd-sgoil a' Phluic. Tha a' chomhairle a' sùileachadh gun tig tuilleadh buannachdan foghlaim às na molaidhean sin. Ann an co-obrachadh le pàrantan, bu chòir dhan chomhairle cumail a' dol le bhith a' dèanamh planadh airson ùine nas fhaide. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun leanar ri guthan phàrantan a chluinntinn, agus gu bheil a' dèiligeadh ri bacaidhean ceartais agus co-ionannachd a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil àitichean sgoil-àraich Foghlam Meadhan Gàidhlig ann gu cunbhalach gus taic a thoirt do phàrantan a thaobh obair, fèin-ionnsachadh, no trèanadh. Bu chòir dhan chloinn adhartas nas luaithe a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh am fileantas sa Ghàidhlig le roghainn a bhith aca a dhol gu sgoil-àraich làn-bhogadh. Tha ùidh ann cuideachd ann a bhith ag ionnsachadh barrachd tro mheadhan na Gàidhlig aig ìrean na h-àrd-sgoile. Tha uallach air pàrantan mun tìde a bheir e ann a bhith a' siubhal astaran nach eil ro fhada airson a bhith a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil a' Phluic. A thuilleadh air sin, feumaidh clann aig aois bun-sgoil am bus atharrachadh, agus bidh aca ri feitheamh greis airson an ath bhus. Feumaidh a' chomhairle san aithisg dheireannach aca mìneachadh ciamar a tha clann gu bhith air an cumail sàbhailte nuair a bhios iad a' siubhal gu Foghlam Meadhan na Gàidhlig. Bu chòir dhaibh cuideachd mìneachadh mar nach bi na h-ullachaidhean siubhail nam bacadh ann a bhith a' tàladh agus a' cumail suas fàs

ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhan phàipear co-chomhairleachaidh soilleireachadh am faigh a' chlann a bhios a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Loch Carrainn còmhdaidh an-asgaidh. Dh'iarr a' chomhairle beachdan air am bu chòir dhan sgìre-foghlaim Bun-sgoil Loch Dhubhthaich air fad a bhith air a ghabhail a-steach anns an sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Is e beachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gum bu chòir, le còmhdaidh an-asgaidh air a thoirt seachad.

3.3 Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aithneachadh gu bheil a' chomhairle a' leantainn air adhart ag achdachadh an dleastanasan reachdail a thaobh adhartachadh na Gàidhlig. On thòisich an co-chomhairleachadh reachdail seo, dh'innis a' chomhairle do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gu bheil iad a' cur air chois Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil na Comraich. San aithisg dheireannaich aca, bu chòir don chomhairle cur an cèill mar a gheibh pàrantan ann an sgìrean dùthchail, leithid Gleann Eilg, cothrom air a' chòir aca measadh a dhèanamh air an fheum san àm ri teachd air Foghlam Meadhan Gàidhlig sa Bhun-sgoil. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach nuair nach biodh e comasach do phàrantan còignear chloinne a bhith a' dèanamh iartas airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha seo a rèir is mar a tha e san reachdas.

4. Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil moladh na comhairle na bhuannachd foghlaim do chlann is pàrantan a tha a' còmhnaidh anns na sgìrean-foghlaim airson Àrd-sgoil a' Phluic. Tha am moladh a' soilleireachadh do phàrantan mar a gheibh iad cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Feumaidh a' chomhairle ullachaidhean siubhail sàbhailte agus reusanta a chomharrachadh san aithisg dheireannaich aca. Bu chòir dhaibh cuideachd barrachd den lèirsinn ionadail fad-ùine aca a cho-roinn airson a' churraicealam tro Mheadhan na Gàidhlig. Neartaicheadh seo na buannachdan foghlaim a thigeadh às a' mholadh seo.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An Cèitean 2022